

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Mar a Thàinig an Guirmean a dh'Alba (3)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 944. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 640 corresponds to Litir 944.

Bha mi ag innse na sgeulachd 'Mar a Thàinig an Guirmean a dh'Alba'. Bha an dilleachdan Barrach anns na h-Innseachan. Lìon an triùir fhear am bara aige le slatan òir. Thill e dhachaigh don tuathanach. Bha e air a bhith air falbh beagan làithean agus bha an t-eagal air an tuathanach gun robh e marbh. Bha e air gealltainn don mheat air an t-soitheach gun cumadh e sàbhailte e.

Sheall an gille am bara – làn slatan òir – don tuathanach. 'Dè tha thu a' dol a dhèanamh le sin?' dh'fhaighnich an tuathanach.

'Tha mi a' dol gam fàgail agaibh fhèin,' ars an gille.

'O,' ars an tuathanach, 'na fàg agams' idir iad. 'S ann leat fhèin a tha iad. 'S tu am fear as beartaiche air an oighreachd an-diugh, is làn bara de shlatan òir agad.'

Bha iad beagan làithean aig an taigh is thàinig an tuathanach a dh'ionnsaigh a' ghille. 'Tha oighreachd mhòr **ga reic**,' thuirt e. 'S e oighreachd ghuirmein a th' innte. Thèid mise dhan rùp is ceannaichidh mi an oighreachd agus bidh d' ainm fhèin oirre.'

'Glè mhath,' ars an gille òg.

Chaidh an tuathanach don rùp agus cheannaich e an oighreachd leis na slatan òir. 'S ann leat fhèin a tha an oighreachd a-nise,' thuirt e ris a' ghille. 'Faodaidh tu an luchd-obrach a chumail no faodaidh tu faighinn cuidhteas iad **mar a thogras tu fhèin**. Ach 's dòcha gum biodh e glic an cumail oir 's ann acasan a tha fios air mar a dh'fhàsas tu an guirmean.' Chùm an gille an luchd-obrach agus chaidh gnothaichean gu math leis air an oighreachd.

Chaidh bliadhnaichean seachad agus cò no chd latha a bha seo aig taigh an tuathanaich ach am meat. Bha e air tilleadh bho na seachd cuantan. 'Ca'l an gille?' dh'fhaighnich e.

'Uill,' ars an tuathanach, 'tha an gille nas fheàrr dheth an-diugh na tha thusa no mise. Thèid sinn a chèilidh air.'

'Glè mhath,' ars am meat, agus chaidh iad a chèilidh air an dilleachdan.

Ràinig iad an taigh agus 's e taigh mòr a bh' ann. Thàinig an gille chun an dorais. Rug e fhèin 's am meat air làimh air a chèile agus dh'fhaighnich am meat dheth gu dè a bh' air èirigh dha.

Mhìnich an gille an suidheachadh dha agus gun robh an oighreachd aige làn guirmein. Dh'fhaighnich an gille mun bhàta 'Cò th' oirre an-diugh?' dh'fhaighnich e.

'Chan eil ach an t-seann fheadhainn air a bheil thu eòlach,' ars am meat.

‘Glè mhath,’ ars an gille. ‘Tha mi airson ’s gum fuirich thu agam a-nochd agus a-màireach lionaidh sinn am bàta le luchd de ghuirmean. Ach tha mi a’ dol a chur an sgiobair dhith, agus pàirt dhen chriutha leis – an fheadhainn a bha nam aghaidh. Gheibh thusa comann air a’ bhàta agus bidh i leat fhèin an uair sin.’

‘Glè mhath,’ ars am meat. Chuir iad a h-uile sìon air dòigh agus luchdaich iad am bàta le guirmean. Chuir an gille an sgiobair agus pàirt dhen chriutha a-mach – an fheadhainn a bh’ air a bhith na aghaidh air a’ chiad bhòidse. Bha am meat na sgiobair agus sheòl iad am bàta gu ruige Alba. Agus b’ e sin a’ chiad turas a ràinig an guirmean Alba – taing do dhilleachdan à Barraigh. Agus ’s e sin mo sgeulachd, fìor no breugach ged a bhitheas i.

* * * * *

Faclan na Litreach: guirmean: *normally wood but as this is from India, it probably means guirmean Innseanach or indigo*; slatan òir: *golden rods*; luchd: *cargo*; luchdaich: *loaded*; gu ruige: *to*.

Abairtean na Litreach: Bha an dilleachdan Barrach anns na h-Innseachan: *the Barra orphan was in India/the Indies*; bha e air gealltainn don mheat gun cumadh e sàbhailte e: *he had promised the mate that he would keep him safe*; na fàg agams’ idir iad: *don’t leave them to me at all*; ’s ann leat fhèin a tha iad: *they belong to you*; ’s tu am fear as beartaiche: *you are the wealthiest man*; thèid mise dhan rùp is ceannaichidh mi an oighreachd agus bidh d’ ainm fhèin oirre: *I’ll go to the auction and I’ll buy the estate and your own name will be on it*; ’s dòcha gum biodh e glic an cumail: *perhaps it would make sense to keep them*; ’s ann acasan a tha fios air mar a dh’fhàsas tu an guirmean: *they’re the ones that know how to grow indigo*; rug e fhèin ’s am meat air làimh air a chèile: *he and the mate shook each other’s hands*; gu dè a bh’ air èirigh dha: *what had happened to him*; chan eil ach an t-seann fheadhainn air a bheil thu eòlach: *only the old ones you know*; tha mi a’ dol a chur an sgiobair dhith, agus pàirt dhen chriutha leis: *I’m going to put the captain off, and part of the crew with him*; an fheadhainn a bh’ air a bhith na aghaidh air a’ chiad bhòidse: *the ones who had been against him on the first voyage*; chuir iad a h-uile sìon air dòigh: *they organised everything*.

Puing-chànain na Litreach: Tha oighreachd mhòr **ga reic**: *there is a large estate being sold. Ga reic is a passive form ie we don’t have to say who is doing the selling. It is the same structure you will hear on Radio nan Gàidheal during the lambing season – tha uan ga thoirt seachad ‘a lamb is being given away’. Here is another example (and note the lack of lenition because it is a feminine singular possessive) – tha am bàta ga càradh ‘the boat is being repaired’.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: faodaidh tu faighinn cuidhteas iad **mar a thogras tu fhèin**: *you can get rid of them as you wish yourself*.

NB: A full version of the story is available on the Tobar an Dualchais website – it’s a tremendous resource – make sure you use it!

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA